## *Glaic Ruairidh*

O fàilt', a ghlaic as dreachmhor snuadh
Far 'n d' ghluais mi 'n làithean m' òig',
Far 'n robh mi leum air feadh nam bruach
Gun ghruaman no gun bhròn;
Am measg an fhraoich air aodann bheann
Is ghleann mu'n iath an ceò,
Far 'n cluinnear monmhair bhinn nan allt
Cur steall air feadh nam fròg.

O, siud na làithean a bha saor
'S a bhios 'nam smaoin ri m' bheò
An uair bha m' inntinn réidh gun daors'
Mar naosg air feadh an fheòir;
Mus do dh'fhiosraich mi gach gaoid
Bhios daonnan a' tighinn òirnn
'S mus tàinig coimhicheas an t-saoghail
Le thuiltean gaoir 'nam chòir.

Gur sgapt' an-diugh air feadh gach taoibh
An comann aoigheil còir
A b' àbhaist bhith cluich air feadh an fhraoich
Cho aotrom ris na h-eòin —
Tha cuid 'nan suain san dachaigh bhuain
Fo ghlasan fuar nam bòrd
Nach till air ais gu bràch air chuairt
Do ghleannan uain' nan còs.

An uair thig mìos na Bealltainn Màigh
Gur àghmhor bhios gach flùr
Air feadh nan glaic a' teachd ri fàs
Gar gàirdeachas le sunnd;
Bidh lusan maoth air feadh nan cluan
Cho òrail snuadh fo dhriùchd,
Is còisridh ghrinn nam measgadh teud
A' gleusadh a cruit-chiùil.

From the 2000 book Smuaintean fo Eiseabhal: THOUGHTS UNDER EISEAVAL.
Edited and translated by Ronald Black.
Birlin Books Limited, Edinburgh. £7.99 ISBN 1 84158 108 9

Bidh biolair uain’ as bòidhche snuadh
    A’ fàs mun cuairt nan lòn,
Bidh dail-chuach eireachd, seud nam bruach,
    ’Na shuaithneas measg an fheòir;
Gach lus bheir beòshlàint dha do smaoin
    Air feadh gach taoibh ’nan glòir —
An t-sòbhrag ’s frith-raineach nan cluan,
    ’S ’nam measg bidh ’n cluaran òir.

Gur tric a théid mi mach air chuairt
    ’S a bheir mi ruaig mun chrò —
Bidh na cnuic ’s na tomain uain’
    Ag ath-nuadhachadh dhomh m’ òig’
’S a’ toirt air ais nan làithean saor’
    ’S na faoineasan gun ghò
Is cleachdaidhean an òg-ghnàiths fhaoin
    A dh’fhalbh mar sgaoileas ceò.

From the 2000 book Smuaintean fo Eiseabhal: THOUGHTS UNDER EISEAVAL.
Edited and translated by Ronald Black.
Birlin Books Limited, Edinburgh. £7.99 ISBN 1 84158 108 9